

Na slapagan seunta



An teacsa Susan Akass
Na dealbhan Jan Nesbitt
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Cha robh am Prionnsa Ivan idir toilichte.
Bha mòran dhèideagan aige
ach cha robh e airson cluich leotha.
“Saoil dè nì mi an-diugh?” thuirt e.



Dìreach an uair sin thàinig a' bhànrigh agus thuirt i, “Tha dannsa gu bhith againn sa chaisteal. Nach cuir thu ort do shlapagan dannsa.” “Am feum mi?” dh’fhaighnich am Prionnsa Ivan. “Feumaidh,” ars a’ bhànrigh, “agus feuch gum bi thu còir oir tha an t-Iarla Greannach a’ tighinn.”





Cha robh Ivan air a dhòigh.

“Cha toil leam an t-Iarla Greannach,” thuir e,
“agus cha toil leam danrsa.”

Ach chaidh e dhan phreas a choimhead
airson a shlapagan danrsa.



Thug e an aire do bhaga gorm.

Bha sgrìobhadh air a' bhaga, 'Na fosgail'.

“Dè tha am broinn a' bhaga?” ars am
Prionnsa Ivan, agus chuir e a làmh dhan bhaga.
An sin bha slapagan eireachdail.

“Seo na slapagan a fhreagras ormsa!” ars esan,
agus chuir e air iad.





Ach cho luath 's a chuir e air na slapagan,
thòisich a chasan a' dannsa!

“Stadaibh a chasan!” ars am Prionnsa Ivan,
ach cha stadadh na slapagan. B' e slapagan
seunta a bha annta.



Dhanns am Prionnsa a-mach às an rum agus
air an staidhre. Chunnaic e searbhant
a' glanadh na staidhre.

“Feuch rim stad!” thuirt am Prionnsa Ivan,
agus shìn e dhi a làmh.





Thug an t-searbhant a làmh dhan Phrionnsa Ivan ach cha do stad sin an dannsa. Thug na slapagan air an t-searbhant dannsa cuideachd!

Chaidh car dhen bhucaid aice agus dhòirt an t-uisge na thuil sìos an staidhre.



Dhanns am Prionnsa Ivan agus an
t-searbhant a-mach dhan ghàrradh.

“Feuch ri ar stad,” dh’èigh an t-searbhant
ris a’ ghàirnealair.

Shin an gàirnealair a làmh dhan t-searbhant
ach cha do stad an dannsa.

Thug na slapagan airsan dannsa cuideachd.





Dhanns am Prionnsa Ivan, an t-searbhant
agus an gàirnealair a-steach dhan chidsin.
“Feuch ri ar stad!” dh’èigh an gàirnealair
ris a’ chòcaire.

Shìn an còcaire a làmh dhan ghàirnealair
ach cha b’ urrainn dhaibh sgur a dhannsa.
Thug na slapagan oirrese dannsa cuideachd.



Dhanns am Prionnsa Ivan, an t-searbhant,
an gàirnealair agus an còcaire air ais dhan chaisteal.
An sin thàinig an t-Iarla Greannach agus
a' bhànrigh a-steach dhan talla mhòr.
“Ivan! Dè idir a tha thu a' dèanamh?”
dh'fhaighnich a' bhànrigh.



“Cha tèid againn air stad a dhannsa,” dh’èigh iad uile.

“Bheir mise oirbh stad,” ars an t-Iarla Greannach. Rug e air aparán a’ chòcaire ach cha do stad e iad. Thug na slapagan seunta airsan dannsa cuideachd.



“Nach dèan thu rudeigin!” thuirt e ris a’ bhànrigh.
Dh’fheuch a’ bhànrigh rin glacadh ach cha
b’ urrainn dhi.
Dhannas iad na bu luaithe agus na bu luaithe.
An uair sin leum am Prionnsa Ivan dhan
adhar agus thuit na slapagan seunta dheth.





Thuit am Prionnsa Ivan, an t-searbhant,
an gàirnealair, an còcaire agus an t-Iarla Greannach
nan tiùrr air an làr.

“O shìorraidh!” arsa am Prionnsa Ivan.

“Bidh an fhearg air an Iarla Ghreannach a-nis.”

Ach cha robh an t-Iarla Greannach feargach.

Bha e a' gàireachdainn.

“Siuthadaibh!” ars esan.

“Nach danns sinn a-rithist!”



Agus sin a rinn iad.

Dhanns am Prionnsa Ivan, an t-searbhant,
an gàirnealair, an còcaire, an t-Iarla Greannach
agus a' bhànrich fad bhuan an latha.





Nuair a bha am Prionnsa Ivan a' dol a chadal
chuir e na slapagan seunta air ais nam бага fhèin.
“Tapadh leibh, a shlapagan seunta,” thuir e.
“Fòghnaidh siud de dhannsa airson latha.”